

**Fòcas**

- Bòidhchead nàdair
- Mothachadh nan ciad-fàthan

**Càit?**

Ann an àite uaine sam bith

**Cò?**

A h-uile aois is comas

**Ùine**

10-30 mionaid

**Na tha a dhìth ort**

Cairt-bòrd, teip steigeach dhà-thaobhach, samplairean-datha (roghainneil)

Carson a tha e sgoinneil?

A' dèanamh cheanglaichean nàdair, a' faicinn agus a' cur sùim air mion-phuingean nàdair

# Paileadan Nàdair

## Dè nì thu?

Cruthaich pailead nàdair pearsanta no buidhne le bhith a' cruinneachadh nithean nàdarra a tha a' glacadh do shùla no a tha a' lasadh do chiad-fàthan.

Tha a' ghnìomhachd seo gad chuideachadh a bhith a' gabhail air do shocair agus a' mothachadh nan dathan, sgus a' mothachadh nan dathan, stuthan a ghabhas làimhseachadh, cumaidhean agus fàilidhean a tha timcheall ort.

## Mar a nì thu am Pailead Nàdair agad

Geàrr pios cairt-bhùird gu meud cairte-puist (tha meud A5 ag obair gu math)

Cuir teip steigeach dhà-thaobhach air, fàg ìre a' mhullaich air gus a bheil thu deiseil a dhol air lorg nàdar.

### Siuthad, a-mach!

- Rùsg còmhachadh na teip.
- Put nithean nàdarra (duilleagan, ditheanan, geugagan, còinneach msaa.) dìreach air an teip.


### Dòighean san gabh a chur gu feum

- Cùm fòcas air stuthan a ghabhas làimhseachadh, dathan, fàilidhean no cumaidhean.
- Airson dìofar lèirsinneach: maidsich nithean nàdarra ri samplairean-datha bho bhùth DIY.
- Cha bhì dà phailead co-ionann!



### Tog dealbhan agus co-phàirtich.

Tog dealbhan-camara de na paileadan agad agus postaich iad air-loidhne a' cleachdadh **#natureneedsheroes** no cuir iad thugainn le post-d le do chead gus am faod sinn do chruthachalachd a chomharrachadh!



#NatureNeedsHeroes

[www.lochlomond-trossachs.org/naturehub](http://www.lochlomond-trossachs.org/naturehub)

LOCH  
LOMOND  
& THE TROSSACHS  
NATIONAL PARK

